AN COMUNN GÀIDHEALACH
ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

IUCHAR 2020 / JULY 2020

CEANN-LATHA IARRTASAN A' MHÒID NÀISEANTA RÌOGHAIL AIR LOIDHNE AIR A LEUDACHADH

Tha an ùine a' ruith airson tagraidhean a chlàradh airson a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail a thèid a chumail air loidhne am bliadhna. Bu mhath, ge-tà, leis a' Chomunn Ghàidhealach innse gu bheilear a' sìneadh ceann là nan tagraidhean chun an **21mh Lùnasatal**. Tha sin a' toirt barrachd cothrom do dhaoine cur a-steach agus pàirt a ghabhail ann am Mòd na bliadhna sa.

Thuirt Seoang NicAnndrais, Oifigear a' Mhòid, "Le sgoiltean a' tilleadh tràth san Lùnastal a-niste, tha sinn airson airson ùine a bharrachd a thoirt do chlann, gu h-àraidh, iarrtasan a chur a-steach airson a' Mhòid air loidhne le bhith a' sìneadh a-mach ceann là nan tagraidhean rud beag nas fhaide. Tha daoine air oidhirp nach gann a dhèanamh le an cuid thagraidhean gu ruige seo, ann am farsaingeachd de roinnean. Tha cothrom a bharrachd a-nise aig sgoiltean agus sgoilearan pàirt a ghabhail".

Thuirt Seumas Greumach, Àrd Oifigear a' Chomuinn, "'Ri linn a' choròna-bhìorais, 's e bliadhna air leth mì-àbhaisteach a th' air a bhith ann do thachartasan ealain, leithid Am Mòd Nàiseanta Rìoghail. Cha robhar an dùil idir gum bithear a' cumail thachartasan air loidhne seach ann an da-rìribh. Le sin a ràdh, 's e cothrom eile a th' ann a bhith a' taisbeanadh nan ealain Gàidhlig dhan mhòr-shluaigh a dh' aindeoin nan dùbhlain a tha romhainn an-dràsta."

Thèid Am Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail air-loidhne am bliadhna san Dàmhair. Ma tha feum air tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn, feuch gun tadhal sibh air:

https://www.ancomunn.co.uk/air-loidhne.

VIRTUAL ROYAL NATIONAL MÒD'S ENTRY CLOSING DATE EXTENDED

Time is running out for participants to submit their performances for The Virtual Royal National Mòd which will be held online this year. However, An Comunn Gàidhealach have announced that the entry deadline will now be extended to the **21st August**, meaning that participants wishing to take part at this year's Mòd now have extra time to register their submissions.

Seonag, Mòd Officer, said, "With children now returning to schools in early August, we especially want to give schools more time to enter and take part in this year's Mòd, so participants now have an extended period, until the 21st August to enter. We're delighted with the effort people have gone to with their submissions so far, across the range of art-forms. The extended date for submissions now gives schools and pupils the extra opportunity to take part."

James Graham, Chief Executive of An Comunn said, "It's been a difficult year for the Arts and festivals like our own this year due to the COVID-19 pandemic. None of us imagined that we would be holding our events online this year but being able to do so allows us to showcase the Gaelic Arts despite the current situation."

The Virtual Royal National Mòd will be held in October 2020. For any further information regarding how to take part, please visit:

https://www.ancomunn.co.uk/air-loidhne.

#cleachdi aigantaigh

MÒD AIR-LOIDHNE

Thèid am Mòd Nàiseanta Rìoghail Air-loidhne a chumail san Dàmhair 2020. Feumar tagraidhean a chur a-staigh tro làrach-lìn a' Chomuinn ro **Dihaoine 21mh den Lùnastal**.

'S e tachartas mì-fhoirmeil a bhios anns a' Mhòd Air-loidhne. Bidh cothrom aig compàirtichean na pìosan aca a chlàradh nan dachaighean fhèin, far am bidh iad cho cofhurtail 's a ghabhas leis nach bidh britheamhan no luchd-èisteachd air am beulaibh (a bharrachd air na teaghlaichean aca, 's dòcha!). Le bhith a' cleachdadh fònaichean làimh no innealan sam bith mar sin, cha robh e a-rìamh cho furasta pàirt a ghabhail!

Chan eil agaibh ri facail no ceòl airson na pìosan agaibh a chur thugainn airson am Mòd Air-loidhne, dìreach na bhideothan fhèin.'S e an amas a th' againn leis a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail Air-loidhne, gum bidh cothrom againn an cànan agus an cultar againn a thaisbeanadh agus a chomharrachadh, ann an suidheachadh mì-fhoirmeil.

'S e tachartas air leth a tha seo, a tha a' toirt cothrom dhuinn am Mòd a thoirt gu dachaighean air feadh an t-saoghail, le bhith a' cleachdadh na meadhanan sòisealta. Tha sinn air faicinn le Taigh Cèilidh a' Mhòid, cho furasta 's a tha e do dhaoine a bhith a' gabhail pàirt agus a' coimhead na tachartasan seo air-loidhne.

Tha e **AN-ASGAIDH** do dhuine sam bith a tha airson pàirt a ghabhail anns a' Mhòd Air-loidhne, ach, ma tha sibh airson taic a thoirt dhan obair againn agus tabhartas a thoirt seachad, faodaidh sibh sin a dhèanamh tron **duilleag JustGiving againn an seo**.

Ma tha ceistean sam bith agaibh a thaobh Am Mòd Nàiseanta Rìoghail Air-loidhne, cuiribh post-dealain thugainn air info@ancomunn.co.uk no cuiribh fòn gu 01463 709 705.

Siuthad sibh, nach cuir sibh thugainn na bhideothan agaibh, tha fadachd oirnn gus am faic sinn iad uile!

Donate to An Comunn Gaidhealach

VIRTUAL MOD

The Virtual Royal National Mod will take place in October 2020. Entrants can submit performances via the An Comunn Gàidhealach online entry system, by **Friday 21st August**.

The Virtual Mod will be an informal event, where participants can record their performances in the comfort of their own homes, without the pressure of a live audience (apart from family members of course!) or adjudicators. By using mobile phones and various other forms of technology entrants can easily submit performances via our website. It has never been so easy to take part!

Participants are not required to submit own choice music or words, just record your performance and upload your video. The aim of the Virtual Mod is for the Gaelic community to be able to come together, during these strange times, to celebrate and showcase our language and culture in an informal setting.

This is a unique event, enabling us to take the Mod to a world-wide audience through social media. We have seen, with our Taigh Cèilidh a' Mhòid events, how accessible it is for people to participate in and enjoy online performances.

Entry to the Virtual Mod is **FREE**, however should you wish to support the organisation at this time, please feel free to make a donation via **our JustGiving page here**.

Should you have any questions about entering the Virtual Mod, please feel free to get in touch any time by email: info@ancomunn.co.uk or call us on 01463 709 705.

Go on, get recording and send us your fabulous performances, we cannot wait to see them all!

VIRTUAL MD AIR-LOIDHNE

#cleachdi aigantaigh

TAIGH CÈILIDH A' MHÒID

Tha sinn toilichte innse gum bidh sinn a' toirt thugaibh cèilidh eile an ath sheachdain!

Thèid an ath 'Taigh Cèilidh a' Mhòid' a chumail air Diardaoin 6 Lùnastal aig 8.30f agus 's e seinneadairean a choisinn Buinn Òir an t-Seann Nois anns na 2000an a bhios againn an oidhche seo.

Bidh John Joe MacNèill còmhla rinn a-rithist mar Fhear an Taighe.


Feuch gun tig sibh còmhla rinn air an 6mh, beò air **duilleag Facebook a' Mhòid**!

We are delighted to announce that we will be bringing the fourth live concert of the series next week!

The next 'Taigh Cèilidh a' Mhòid' event will take place on Thursday 6 August at 8.30pm and will feature Traditional Mod Gold Medallists from the 2000s.

We are delighted that we will have John Joe MacNeil back as MC for the evening.

Be sure to tune in live to the **Royal National Mod Facebook page** on the 6th - chì sinn ann sibh!



6 Lùnastal / August

3 Sultain / September

Donate to An Comunn Gaidhealach

#cleachdi aigantaigh



Donate to
An Comunn
Gaidhealach

AM MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL

Mòd air Loidhne

Virtual Mòd

SIOSTAM-CLÀRAIDH MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL AIR-LOIDHNE BEÒ

Tha an siostam clàraidh beò. Bruthaibh air a cheangal seo airson clàradh airson farpaisean Mod Naiseanta Rioghail air-loidhne 2020: **Mòd Air-loidhne 2020**.

Tha fàilte ga chur air clann agus inbhich pàirt a ghabhail anns an tachartas. Eadar roinnean seinn, bàrdachd, ionnstramaidean agus dannsa Albannach, faodar clàraidhean a chur chun Chomunn tron eadar-lìon. Bithear gan taisbeanadh tro mheadhanan sòisealta a' Chomuinn.

Gheibhear liosta farpaisean, ceangal airson clàradh airson farpaisean agus stiùireadh tro na ceangalan gu h-ìosal:

Clàr-eagair Mòd Air-loidhne 2020

Stiùireadh Mòd Air-loidhne 2020

Ma bhios ceistean sam bith agaibh, cuiribh fios thugainn air 01463 709705 no post-d gu **info@ancomunn.co.uk**

CLÀRAICH AN SEO

VIRTUAL MOD ONLINE ENTRY SYSTEM NOW LIVE

The online entry system is live. Please click on the following link to enter the Virtual Royal National Mod 2020: **Mòd Air-loidhne 2020**.

Junior and senior participants will be able to record performances in their respective categories and upload and submit their performances online with performances being showcased via The Royal National Mòd social media channels in October.

Please click on the following links to view the syllabus, enter competitions and read further guidance on the Virtual Royal National Mod 2020:

Virtual Mod 2020 Syllabus

Virtual Mod 2020 Guidelines

For further information, please contact **info@ancomunn.co.uk** or Tel. 01463 709 705.

ENTER HERE

Caledonian MacBrayne · The Scottish Government · Bòrd na Gàidhlig · The Highland Council · #cleachdi aigantaigh

Donate to An Comunn Gaidhealach

VIRTUAL MOD AIR-LOIDHNE

MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL AIR-LOIDHNE
VIRTUAL ROYAL NATIONAL MÒD

DÀMHAIR / OCTOBER 2020

CIAMAR A GHABHAS MI PÀIRT?

- Bu chòir do chom-pàirtichean coimhead ri clàran-obrach a' Mhòid Air-loidhne an seo no aig https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/ gus dearbhadh fhaighinn air an roinn bu chòir dhaibh inntrigeadh.
- An dèidh do ghnìomhadh a chlàradh air fòn-làimhe, camara no inneal de a leithid sin, faodaidh tu an innteart agad a chur a-steach agus a luchdachadh suas tron t-siostam inntrigidh air-loidhne an seo no aig https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/
- Lorgar treòrachadh agus stiùiridhean air an dòigh as fheàrr air sin a dhèanamh an seo no aig https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/
- Feumaidh an innteart a bhith crìochnaichte agus air a cur a-steach ro - **Dihaoine 21 Lùnastal 2020**.
- Is e innteartan air-loidhne an aon dòigh a-mhàin air inntrigeadh chun a' Mhòid Air-loidhne. Tha taic le innteartan air-loidhne ri fhaotainn le fios a chur gu luchd-obrach A' Chomuinn Ghàidhealaich an seo. Tha fiosrachadh conaltraidh ri fhaotainn cuideachd air làrach-lìn a' Chomuinn Ghàidhealaich.

HOW CAN I TAKE PART?

- Participants should refer to the Virtual Mòd syllabuses here or at https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/ in order to determine which category they should enter.
- Having recorded your performance on a mobile phone, camera or similar device, your submission can be submitted and uploaded via the online system here or at: https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/
- Instructions and guidelines as to how best to do this can be found here or at https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/ Submissions must be complete and submitted by - **Friday 21st August 2020**.
- Online submissions are the only form of entry for the Virtual Mòd. Support with online submissions is available by contacting An Comunn Gàidhealach staff here. Contact details are also available on An Comunn Gàidhealach's website.

NA RIAGHAILTEAN?

- Chan eil cus riaghailtean a dhìth an lùib a bhith comasach air com-pàirteachadh sa Mhòd Air-loidhne.
- A thuilleadh air innteartan leabharlainn, chan eil aig com-pàirtichean ri an roghainn fhacail no an roghainn ciùil fhèin a chur a-steach.
- Bu chòir do chom-pàirtichean lethbhreac de an gnìomhadh a luchdachadh suas ro - **Dihaoine 21 Lùnastal 2020.**
- Feumaidh fileantaich com-pàirteachadh ann am farpaisean fhileantaich agus feumaidh luchd-ionnsachaidh com-pàirteachadh ann am farpaisean luchd-ionnsachaidh.
- Feumaidh com-pàirtichean ann am farpaisean òigridh a bhith taobh a-staigh a' bhuidhinn aoise chomharraichte air 1 Dàmhair 2020.
- Chan eil e dligheach do chom-pàirtiche sam bith fo 18 bliadhna a dh'aois a bhith com-pàirteachadh ann am farpaisean Inbhich.
- Cha bu chòir do chom-pàirtiche an dà chuid farpaisean Òigridh agus farpaisean Inbhich inntrigeadh.

WHAT ARE THE RULES?

- There are not too many rules involved to be able to participate in the Virtual Mòd.
- With the exception of literary submissions, participants do not have to submit own choice words or music.
- Participants should upload a copy of their performance by - **Friday 21st August 2020**.
- Fluent speakers must enter fluent categories and learners must enter learner categories.
- Participants in junior categories must be within the specified age group on the 1st of October 2020.
- Any participant under 18 years is not eligible for Senior categories.
- A participant should not enter in both Junior and Senior categories.

VIRTUAL MÒD AIR-LOIDHNE

MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL AIR-LOIDHNE
VIRTUAL ROYAL NATIONAL MÒD

DÀMHAIR / OCTOBER 2020

CIAMAR A BHIOS FIOS AGAM AM BU CHÒIR DHOMH FARPAISEAN FHILEANTAICH NO LUCHD-IONNSACHAIDH INNTRIGEADH?

- A thaobh fharpaisean òigridh, ma tha pàiste ga oideachadh tro mheadhan na Gàidhlig agus ann am Clas 4 no nas àirde aig àm a' Mhòid Air-loidhne san Dàmhair, feumaidh e/i com-pàirteachadh ann am farpaisean nam fileantach.
- A thaobh fharpaisean inbhich, bu chòir do chom-pàirtichean an ùghdarras a chleachdadh agus co-dhùnadh a bheil iad fileanta sa chànan no nach eil, mus inntrig iad na farpaisean buntainneach.
- Faodaidh an dà chuid farpaisich fhileanta agus ionnsachaidh com-pàirteachadh ann am farpaisean fosgailte.

HOW DO I KNOW IF I SHOULD ENTER FLUENT OR LEARNER CATEGORIES?

- For junior categories, if a child is being educated through the medium of Gaelic, and will be in Primary 4, or above, at the time of the Virtual Mòd in October, he/she must be entered into Fluent categories.
- For senior categories, participants should use their discretion and determine whether they are fluent in the language or not before entering respective categories.
- Open categories are open to both fluent and learner participants.

DÈ NA RIAGHAILTEAN A THA AN LÙIB CLUICH IONNSRAMAID, MA THA MI AIRSON COM-PÀIRTEACHADH?

- Bidh com-pàirteachadh ann an aon sam bith de na farpaisean Pìobaireachd gu fèin-ghluasadach a' toirmeasg com-pàirt ann am farpaisean Feadain.
- Bu chòir do chom-pàirtichean dèanamh cinnteach gu bheil am Fonn Mall aca à tùs Gàidhlig. Far am feum ceòl a bhith 'de thùs Gàidhlig', tha seo a' ciallachadh **fonn òran Gàidhlig, no fonn dannsa no fonn mall bhon traidisean Ghàidhlig**.

WHAT ARE THE RULES IF I PLAY AN INSTRUMENT AND WANT TO PARTICIPATE?

- Participation in any of the piping categories will automatically exclude a participant from taking part in the Chanter categories.
- Participants should ensure that their Slow Air is of Gaelic origin. Where music is required to be 'of Gaelic origin' this will mean that it should be the **melody of a Gaelic song, or a dance tune or slow air from the Gaelic tradition.**

Donate to An Comunn Gaidhealach

VIRTUAL MD AIR-LOIDHNE

MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL AIR-LOIDHNE
VIRTUAL ROYAL NATIONAL MÒD

DÀMHAIR / OCTOBER 2020

DÈ NA RIAGHAILTEAN A THA CO-CHEANGAILTE RI FARPAISEAN LITREACHAIS IS EALAIN?

- Feumaidh na tagraidhean litreachais uile a bhith de dh'obair thùsail neo-cheartaichte an fharpaisiche.
- Feumaidh an obair uile a bhith clò-sgrìobhte agus bu chòir a cur a-steach ann am fòrmat Microsoft Word.

WHAT ARE THE RULES FOR LITERARY AND ART CATEGORIES?

- All literary submissions must be the entrant's original, uncorrected work.
- All work must be typewritten and should be submitted in Microsoft Word format.

DÈ MU DHEIDHINN CÒISIREAN, BUIDHNEAN AGUS CÀRAIDEAN?

- Tha na cuibhreachaidhean làithreach ga dhèanamh doirbh do bhuidhnean a thighinn còmhla gu pearsanta.
- Ach, tha sinn mothachail gu bheil daoine anabarrach cruthachail a thaobh a bhith a' cruthachadh ceòl air-loidhne, agus mun àm a bhios am Mòd Air-loidhne a' gabhail àite san Dàmhair, dh'fhaodadh gum bi e comasach gnìomhaidhean buidhne a cheadachadh.
- Ged nach eil roinnean sònraichte air an eagrachadh a thaobh Còisirean, Càraidean, Còmhlain no Buidhnean Ionnsramaideach, bhiomaid air leth toilichte nam biodh e comasach do bhuidhnean gnìomhaidhean a chur a-steach, a ghabhadh an taisbeanadh aig a' Mhòd Air-loidhne.

WHAT ABOUT CHOIRS, GROUPS AND DUETS?

- Current restrictions make it difficult for groups to come together in person.
- However, we are aware that people are being incredibly creative in terms of creating music online and by the time the Virtual Mòd takes place in October restrictions may allow group performances to take place.
- Although there are no specific categories for Choirs, Duets, Folk Groups, or Instrumental Groups, we would be delighted if groups are able to submit performances which could be showcased during the Virtual Mòd.

#cleachdi aigantaigh

VIRTUAL MD AIR-LOIDHNE

MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL AIR-LOIDHNE
VIRTUAL ROYAL NATIONAL MÒD

DÀMHAIR / OCTOBER 2020

AM FAIGH MI MEASADH AIR A' GHNÌOMHADH AGAM?

- Thèid gnìomhaidhean a mheasadh le pannal neo-eisimeileach a bhuilicheas measadh ' 'Anabharrach', 'Àrd-Mholta agus 'Ionmholta' air gnìomhaidhean. Cha bhi comharran no sgòran gam buileachadh.
- Thèid gnìomhaidhean a thaisbeanadh air àrd-ùrlaran sòisealta A' Chomuinn Ghàidhealaich aig àm a' Mhòid Air-loidhne.

WILL I RECEIVE AN ADJUDICATION FOR MY PERFORMANCE?

- Performances will be assessed by an independent panel who will award 'Exceptional', 'Highly Commended' and 'Commended' performances. There will be no marks or scores awarded.
- Performances will be showcased on An Comunn Gàidhealach's social media platforms during the Virtual Mòd.

AN TÈID DUAISEAN A BHUILEACHADH AIRSON GNÌOMHAIDHEAN?

- Air sàilleabh dhùbhlain ro-innleachdail agus cuibhreachaidhean làithreach, chan eil sinn comasach air geall-dùbhlain no buinn a thoirt seachad am-bliadhna.
- Bidh sinn a' buileachadh theisteanasan a' Mhòid Air-loidhne airson gnìomhaidhean 'Anabharrach', 'Àrd-Mholta' agus 'Ionmholta'.

WILL PRIZES BE AWARDED FOR PERFORMANCES?

- Due to logistical challenges and current restrictions, we are unable to hand out trophies or medals this year.
- We will be awarding Virtual Mòd certificates to 'Exceptional', 'Highly Commended' and 'Commended' performances.

DE MURA H-EIL MI AIRSON MO GHNÌOMHADH A THAISBEANADH AIR MEADHANAN SÒISEALTA AIG A' MHÒD AIR-LOIDHNE?

- Tha sinn airson a bhith comasach air ur gnìomhaidhean a roinn agus saidhbhreas ar cànain 's ar cultair a thaisbeanadh tron Mhòd Air-loidhne san Dàmhair 2020. Ach, tha sinn a' tuigsinn mura bi sibh deònach ur gnìomhadh a thaisbeanadh.
- Faodaidh com-pàirtichean cead a dhiùltadh do an gnìomhadh a bhith air a thaisbeanadh rè a' Mhòid Air-loidhne, tron roghainn ro-aonta a thaghadh aig àm innteartan a chur a-steach air-loidhne.
- Ma thaghas com-pàirtichean an roghainn ro-aonta aig an ìre seo, chan fhoillsichear an gnìomhadh agus cha bhi e taisbeante aig a' Mhòd Air-loidhne.

WHAT IF I DON'T WANT MY PERFORMANCE TO BE SHOWCASED ON SOCIAL MEDIA DURING VIRTUAL MÒD WEEK?

- We want to be able to share your performances and showcase the richness of our language and culture during the Virtual Mòd in October 2020. However, we understand if you do not wish your performance to be shown.
- Participants may refuse consent for their performance to be shown during the Virtual Mòd by choosing the opt-out option at the time of submitting their entries online.
- If participants opt-out at this stage, their performance will remain undisclosed and will not be showcased during the Virtual Mòd.

BALLRACHD A' CHOMUINN

A bheil sibh n' ur ball den Chomunn Ghàidhealaich? Bidh buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh 50% air cosgaisean ticeadan a' Mhòid - 's e sàbhaladh mòr a tha seo dhuibh, gu h-àraidh ma bhios sibh a' frithealadh mòran thachartasan seachdain a' Mhòid.

Ma tha sibh airson ballrachd am bliadhna a phàigheadh no ma tha sibh airson ballrachd a thoirt a-mach tadhlaibh air:

www.ancomunn.co.uk

Ballrachd:
£15 (inbhich)
£5 (oileanaich)

AN COMUNN GÀIDHEALACH MEMBERSHIP

Are you a member of An Comunn Gàidhealach? All members of An Comunn Gàidhealach receive a discount of 50% on Mod tickets - that's a big saving, particularly if you hope to attend a number of Mod events during the course of the week.

To renew your membership or to become a member, please login or register via the following link:

https://enter.ancomunn.co.uk/

Membership
£15 (adults)
£5 (students)

DUAISEAN A' MHÒID

Air sgàth's suidheachadh COVID-19, tha sinn ag iarraidh air neach buannachaidh Mòd 2019 na duaisean aca a chumail an dràsta agus cuiridh sinn fios thugaibh nuair a bhios e comasach dhuinn an gabhail air ais.

Airson tuilleadh fiosrachadh, cuiribh post-d gu seonag@ancomunn.co.uk no cuiribh fòn air 01463 709 705.

MOD TROPHIES

Due to the ongoing situation with the COVID-19 pandemic, we ask that all Mòd 2019 trophy winners hold on to their trophies for the time being and we will contact you to arrange their return.

For further information please email seonag@ancomunn.co.uk or telephone 01463 709 705.

MÒDAN RI TEACHD / FUTURE ROYAL NATIONAL MOD DATES

INBHIR NIS / INVERNESS - 8-16 DÀMHAIR 2021
PEAIRT / PERTH - 14-22 DÀMHAIR 2022
PÀISLIG / PAISLEY - 13-21 DÀMHAIR 2023
AN T-ÒBAN / OBAN - 2024 (CINN-LATHA RI DHEARBHADH)

#cleachdi aigantaigh

BÀRD A' CHOMUINN

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Tha mi toilichte innse dhuibh gu bheil planaichean a' tighinn air adhart gu math airson sreath de thachartasan, anns am bi mi an sàs mar Bàrd a' Chomuinn Ghàidealach sna mìosan a tha romhainn. Tòisichidh sinn le còmhradh eadar Meg Bateman agus mi fhìn air 18 Lùnastal, agus nas fhaide air adhart, còmhraidhean le bàird eile, tron 'Mhòd air-loidhne' san Dàmhair, agus Seachdain Leabhraichean na h-Alba san t-Samhain. Barrachd fiosrachaidh air làrach-lìn A' Chomuinn Ghàidhealaich, agus air na meadhanan sòisealta, a dh'aithghearr!

Tron àm 'fo ghlas', tha mi cuideachd air a bhith trang ag obair gus crìoch a chuir air an ath chruinneachadh bàrdachd agam. Bhithinn an còmhnaidh air mo bheò-ghlacadh, chan ann a-mhàin le dòighean-labhairt sònraichte agus cleas-fhacail ann am bàrdachd; ach cuideachd le cruth agus cumadh: rannachadh, ruitheam, meataireachd, cuideam, pàtran-loidhnichean sa rann, agus feartan leithid uaithne, uaim agus amus. Tha mi anabarrach deidheil air òrain, agus 's e òrain a th'ann an cuid de na dàin anns a' chruinneachadh ùr agam - coltach ris a' cruinneachadh roimhe 'Crotal Ruadh'; agus leis a sin, tha iad air an sgrìobhadh le meataireachd agus rannachadh de iomadach seòrsa.

Mar sin dheth, smaoinich mi, san cholbh agam air a mhìos seo, moladh agus meòrachadh no dhà a thairgse dhuibh air leabhraichean mu chruthgan-bàrdachd a chòrd rium gu sònraichte, agus a bha feumail dhomh airson an dà chuid: barrachd roghainn, 'meud is leud' a lorg na mo chuid sgrìobhaidh fhìn; agus meòrachadh agus luach a chur air na dàin a sgrìobh bàird eile. Thoiribh mathanas dhomhsa, le sin, mas e liosta caran fada de stòran agus tobaran a th'aig bonn a' chuilbh air a mhìos-sa!

Dhuibhse aig a bheil ùidh nas doimhne anns a 'chuspair seo, mholainn fhìn dìreach: thoiribh ruith gu farsaing ann an raon de leabhraichean Gàidhlig, agus bithibh gu sunndach 'uile-itheach'! Mar eisimpleir, bidh an ro-ràdh ann an cuid de na cruinneachaidhean sa liosta agam gu h-ìosal a' dèiligeach le cruthan-bàrdachd gu coitcheann, mar phàirt de bheachdachadh air na bàird, am bàrdachd, an àmannan agus beatha. Ach, ann an iomadach ro-ràdh eile, gheibh sibh earrann air leth air cruthan-bàrdachd; bidh àireamhan-dhuilleagan (ann am camagan) a' toirt iomradh air na h-earrannan a' dhèiligeas gu sònraichte ri cruthan-bàrdachd.

Gheibh sibh liosta nan cruinneachaidhean Ghàidhlig ann an dà roinn - cruinneachaidhean thar ùine; agus cruinneachaidhean mu linntean mu seach. San dàrna roinn seo, tha còig leabhraichean sònraichte math; mu bhàrdachd nam meadhan-aoisean, agus an 17mh, 18mh, 19mh agus 20mh linn fa leth.

Gheibh sibh cuideachd taghadh de thrì leabhraichean (ann am Beurla) air cruthan-bàrdachd a-mhàin; le John Hollander; Mark Strand agus Eavan Boland; agus Stephen Fry. Tha gach fear, nan dòigh fhèin, a' tabhann 'tacsonamaidh' farsaing de chruthan-bàrdachd, (m.e. sonaid, rondeau, lethrann gaisgeil, ealaidh), le eisimpleirean de gach cruth sònraichte (sgrìobhte leis na h-ùghdaran fhèin, agus / no le bàird bho dhiofar amannan). Tha mi an dòchas gum faigh sibh tlachd às na trì leabhraichean seo; tha iad cruthachail, eirmseach, tarraingeach - agus fiù's 'risqué'!

A bharrachd air na leabhraichean seo, tha tòrr artaigilean ann cuideachd, ann an irisean acadaimigeach, òraidean, agus pàipearan cho-labhairtean mar 'an sreath dà-bhliadhnail 'Rannsachadh na Gàidhlig'. Fhuair mi lorg o chionn ghoirid air artaigil le Andrew Philip. Bidh e a' tairgse iomradh air sgeamaichean rannachaidh, ruithim agus beum na bàrdachd Ghàidhlig; agus an uairsin a' tabhann meas àlainn mun dàn 'Aotromachd' le Meg Bateman, a' gabhail a-steach na pàtranan tarraingeach chonsonain a chleachdas Meg, mar fheart a bharrachd air sgeama nan rann.

Anns a' chiad leabhar san liosta gu h-ìosal, 'Bàrdachd Ghàidhlig' le Watson, tha ro-ràdh farsaing (còrr is 30 duilleag, t-d. xxxiii - lxiv) air cruthan bàrdachd Ghàidhlig. Tha iomadh bàrd agus sgrìobhadair eile, a rèir na leugh agus na chuala mise, cuideachd dhen bheachd, mar a tha mi fhin, gu bheil an ro-ràdh cumhachdach aig Watson fhathast na thaisbeanadh iomachuimseach air a' chuspair seo - ceud bliadhna às deidh dhan leabhar nochdadh.

Tha mi an dòchas gum faigh sibh brosnachadh an seo gus barrachd a leughadh mu dheidhinn bàrdachd. Tha mi an dòchas cuideachd gu bheil sibh uile a' cumail sàbhailte agus fallain, agus 's dòcha a' faighinn cothroman gus coinneachadh a-rithist le teaghlaich agus càirdean - leis an lasachadh beag dhen ghlasadh a th'againn. Tha mi a' sgrìobhadh a' chuilbh seo thugaibh ann an Uibhist a Deas. Nach mise tha toilichte a bhith air ais dhachaigh. Seo agaibh dol fodha na grèine an seo, sealladh cho math dhomh!

Beannachdan cridheil.Sandaidh.

www.sandynicdhomhnaillJones.com

#cleachdi aigantaigh

BÀRD A' CHOMUINN

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

I am pleased to say that plans are coming along well for a series of events in which I will be involved as Bàrd a' Chomuinn Ghàidealach in the months ahead. The first will be a conversation with Meg Bateman on 18 August, followed by events with other bards during the Virtual Mòd in October and at Book Week Scotland in November. More details on the An Comunn Gàidhealach website and social media soon!

During lockdown I have also been hard at work completing my next collection of poetry. I have always been fascinated not only with poetry's unique ways of communicating, expression and playing with words; but also with its forms and shapes: rhyme schemes, rhythm, metre, stress, numbers of lines per verse, and features like alliteration and assonance. This is in part because of my love of song. As with my previous collection, 'Crotal Ruadh - Red Lichen', a number of the poems in the new collection are intended as songs, and therefore written with deliberately chosen (but varying) rhyme schemes and metric patterns.

So I thought I would offer you, this month, some reflections and suggestions on books about poetic form which I have particularly enjoyed, and found useful, both for experimenting in my own writing and expanding my range of options; and in analyzing and appreciating the poetry written by others. So please forgive me for a rather lengthy list of sources at the bottom of this column this month!

For those with a deeper interest in this subject, I personally recommend browsing widely in a range of Gaelic books, in a cheerfully omnivorous way. For example, the forewords of some of the anthologies which I cite in the sources list below discuss structure as part of a consideration of the poets, their poetry and the times in which they lived. Other forewords contain a separate section on poetic forms per se; page numbers (in parentheses) after these book-listings refer to the sections of the forewords that deal specifically with poetic form.

I have listed the Gaelic anthologies in two sections - collections over time; and collections devoted to specific centuries. There are five very fine such volumes in the latter category, covering the Medieval period, and the 17th, 18th, 19th and 20th centuries, respectively.

I also offer a selection of three books in English on poetic form, by John Hollander; Mark Strand and Eavan Boland; and Stephen Fry. All three, each in their own way, offer a wide-ranging taxonomy of existing poetic forms (e.g. sonnet, rondeau, heroic couplets, ode), accompanied by examples of poems in each particular form, either by the authors themselves, and/or by established poets from various eras. In my view, all three books make thoroughly enjoyable reading, and are often inventive, witty, entertaining - or even downright risqué!

In addition there are many fine articles, either in academic journals, transcripts of lectures, or proceedings of conferences such as ' the biennial 'Rannsachadh na Gàidhlig' series. To give one example, I recently found an article by Andrew Philip. He makes some observations on Gaelic rhyme, metre and stress patterns, before offering a lovely appreciation of the poem 'Aotromachd' by Meg Bateman, with her use of attractive patterns of consonantal clustering as an additional feature to the rhyme scheme.

The first book I cite in the list below, Watson's 'Bàrdachd Ghàidhlig', has an extensive introduction including over 30 pages (pp. xxxiii - lxiv) on metres and measures. I am not alone in holding the opinion that this section of Watson's Introduction is still amongst the most thorough and authoritative presentations on the subject of poetic structure, a hundred years after its first edition.

I do hope you find something of interest to read more about poetry here. And I also hope you are all keeping safe and well and enjoying the slight easing of lockdown and opportunity to see family and friends. I am writing this column to you from South Uist. I am so pleased to be back home. Here's our sunset, such a welcome sight to me!Warm good wishes as ever.Sandy

www.sandynicdhomhnailljones.com



#cleachdi aigantaigh

BÀRD A' CHOMUINN

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

I Cruinneachaidhean bàrdachd Gàidhlig thar ùine

'Bàrdachd Ghàidhlig' - Gaelic Poetry 1550-1900, Ed William J Watson, An Comunn Gàidhealach, 1918, 1932, 1959, 1976 (t-d xxxiii-lxiv)
'An Introduction to Gaelic Poetry', Derick Thomson, Edinburgh University Press, 1974, 1990 (with an excellent and extensive bibliography)
'Nua-Bhàrdachd Ghàidhlig' - 'Modern Scottish Gaelic Poems', Ed. Dòmhnall MacAmhlaigh, Southside/Canongate 1976
'An Aghaidh na Sìorraidheachd' - 'In the Face of Eternity: Eight Gaelic Poets', Ed. Christopher Whyte, Polygon 1991
'An Leabhar Mòr' - 'The Great Book of Gaelic' Ed Malcolm Maclean and Theo Dorgan, Canongate 2002
'An Leabhar Liath' - 'The Light Blue Book', 500 Years of Gaelic Love and Transgressive Verse, Ed Peter Mackay and Iain S MacPherson, Luath Press, 2016

II Cruinneachaidhean bàrdachd Gàidhlig airson linntean mu seach

'Duanaire na Sracaire' - 'Songbook of the Pillagers', Anthology of Medieval Gaelic Poetry, (Anthology of Scotland's Gaelic Verse to 1600), Ed Wilson McLeod and Meg Bateman, Birlinn 2007 (t-d. xxxviii - xliv).
'Gàir nan Clàrsach' - 'The Harps' Cry', Anthology of 17th Century Gaelic Poems'Ed Colm Ó Baoill, Transl. Meg Bateman, Birlinn 1994 (t-d. 19-32)
'An Lasair' - 'The Flame,' Anthology of 18th Century Scottish Gaelic Verse Ed Ronald Black, Birlinn 2001'Caran an t-Saoghail' - 'The Wiles of the World', Anthology of 19th Century Scottish Gaelic Verse Ed Donald E Meet. Birlinn 2003
'An Tuil' - 'The Flood', Anthology of 20th Scottish Gaelic Verse, Ed Ronald Black, Birlinn 1999, 2002

III Trì leabhraichean-làimh air cruthan bàrdachd

'Rhyme's Reason' - A Guide to English Verse, John Hollander, Yale University Press, 1981, 1989, 2000, 2014
'The Making of a Poem - A Norton Anthology of Poetic Forms, Mark Strand and Eavan Boland, W W Norton & Co, 2000
'The Ode Less Travelled - Unlocking the Poet Within', Stephen Fry, Arrow Books 2007

#cleachdi aigantaigh

I Anthologies of Gaelic Poetry over time'

Bàrdachd Ghàidhlig' - Gaelic Poetry 1550-1900, Ed William J Watson, An Comunn Gàidhealach, 1918, 1932, 1959, 1976 (pp xxxiii -lxiv)
'An Introduction to Gaelic Poetry', Derick Thomson, Edinburgh University Press, 1974, 1990 (with an excellent and extensive bibliography)
'Nua-Bhàrdachd Ghàidhlig' - 'Modern Scottish Gaelic Poems', Ed. Dòmhnall MacAmhlaigh, Southside/Canongate 1976
'An Aghaidh na Sìorraidheachd' - 'In the Face of Eternity: Eight Gaelic Poets', Ed. Christopher Whyte, Polygon 1991
'An Leabhar Mòr' - 'The Great Book of Gaelic' Ed Malcolm Maclean and Theo Dorgan, Canongate 2002
'An Leabhar Liath' - 'The Light Blue Book', 500 Years of Gaelic Love and Transgressive Verse, Ed Peter Mackay and Iain S MacPherson, Luath Press, 2016

II Gaelic Anthologies for Specific Centuries

'Duanaire na Sracaire' - 'Songbook of the Pillagers', Anthology of Medieval Gaelic Poetry, (Anthology of Scotland's Gaelic Verse to 1600), Ed Wilson McLeod and Meg Bateman, Birlinn 2007 (pp. xxxviii - xliv).
'Gàir nan Clàrsach' - 'The Harps' Cry', Anthology of 17th Century Gaelic Poems'Ed Colm Ó Baoill, Transl. Meg Bateman, Birlinn 1994 (pp. 19-32)
'An Lasair' - 'The Flame,' Anthology of 18th Century Scottish Gaelic Verse Ed Ronald Black, Birlinn 2001'Caran an t-Saoghail' - 'The Wiles of the World', Anthology of 19th Century Scottish Gaelic Verse Ed Donald E Meet. Birlinn 2003
'An Tuil' - 'The Flood', Anthology of 20th Scottish Gaelic Verse, Ed Ronald Black, Birlinn 1999, 2002

III Three Guidebooks on Poetic Form

'Rhyme's Reason' - A Guide to English Verse, John Hollander, Yale University Press, 1981, 1989, 2000, 2014
'The Making of a Poem - A Norton Anthology of Poetic Forms, Mark Strand and Eavan Boland, W W Norton & Co, 2000
'The Ode Less Travelled - Unlocking the Poet Within', Stephen Fry, Arrow Books 2007

www.sandynicdhomhnaillJones.com

Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

Goireasan Gàidhlig

Goireasan Gàidhlig dhuinn uile 's sinn ri
Ionnsachadh dachaigh

www.gaelic.education









Gheibhear tuilleadh fiosrachadh mu na goireasan a tha ri fhaighinn air duilleag Facebook Stòrlann:

https://www.facebook.com/storlann/

DÈ AN T-AINM A TH' ORT?

Bi beò sa Ghàidhlig aig Sabhal Mòr Ostaig!

Tha cothrom agad fhathast iarrtas a chur a-steach:

An Cùrsa Comais:
http://bit.ly/AnCùrsaComais

Gàidhlig is Conaltradh:
http://bit.ly/GàidhligIsConaltradh

Be inspired to live through Gaelic, at Sabhal Mòr Ostaig!

Apply now for September 2020:
http://bit.ly/GaelicUndergraduate



Ionnsachaibh ceòl is òrain còmhla ri tuitearan Fèis Lochabair Teasgasg ann an iomadach cuspair le:

Sìleas Sinclair, Eòghann MacEanruig, Mànran, Hannah NicRath, Hò-rò, Jane Douglas NicNill.

'S e seo an Fhèis samhraidh mu dheireadh san t-sreath.

Clàradh an seo - **https://feisean.org/samhradh6/**

Roll up, roll up! Places available for free online Fèis tuition next week! Taught by some wonderful Fèis Lochabair tutors: Sìleas Sinclair, Ewen Henderson, Hannah MacRae, Jane Douglas MacNeil several choices at a range of levels to suit all.


This is the last summer Fèis week of the series - don't miss out!

https://www.feisean.org/en/summer6/



#cleachdi aigantaigh







#cleachdi aigantaigh

Taigh Dhonnchaidh @ 20 e-cèilidh

Thig còmhla rinn airson oidhche làn ciùil, seinn agus dannsa, 's sinn a' comharrachadh 20 bliadhna on dh'fhosgail Taigh Dhonnchaidh le cuid den luchd-teagaisg, luchd-ciùil agus luchd-pàirteachaidh thar nam bliadhnaichean!

Join tutors, guest musicians and participants of past and present to celebrate 20 years of Taigh Dhonnchaidh in our special e-cèilidh!

Taigh Dhonnchaidh Facebook @ 8pm

Dihaoine 31 Luchar

Friday 31st July

#cleachdi aigantaigh



An còrdadh e ribh dùrachd co-là-breith fhaighinn air CBeebies ALBA?

Tha sinn a' coimhead airson dùrachdan co-là-breith don fheadhainn bheaga agaibh a tha eadar 1 agus 7 bliadhna a dh'aois.

Nan còrdadh e ribh dùrachd a chur thuca, bhiodh e sgoinneil cluinntinn bhuaibh! Cuiribh post-d gu clann@bbc.co.uk leis an fhiosrachadh a leanas: ainm agus co-là-breith.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri cluinntinn bhuaibh!



Would you like to give your child a birthday shout-out on CBeebies ALBA?

We're looking for birthday shout-outs for children between the ages of 1 and 7 years old.

If you would like your child's birthday mentioned, please send an email to clann@bbc.co.uk with the following information: your child's name and their date of birth.

We look forward to hearing from you!


#cleachdi aigantaigh

COMHAIRLE NAN LEABHRAICHEAN

Bidh Na Duaisean Litreachais 2020 gan cumail air-loidhne san t-Sultain. Cùm sùil a-mach airson barrachd fios!

GAELIC BOOKS COUNCIL

The Gaelic Literature Awards 2020 will be held online with a virtual event in September. Keep an eye out for more info!



WWW.GAELICBOOKS.ORG


#cleachdi aigantaigh

ACAIR


Nach leugh sibh mu dheidhinn ciamar a tha a h-uile duine a' dèanamh, agus a' cumail glic an-dràsta?

Obair-ealain agus rann © Axel Scheffler agus Julia Donaldson 2020, stèidhichte air caractaran bho The Gruffalo © 1999 (Macmillan Children's Books). An teacsa Ghàidhlig le Mairi Sine Chaimbeul as leth Acair 2020.













Nach toir sibh sùil air na leabhraichean-èisteachd aig Acair? Tha a' chuid mhòr an-asgaidh!
https://bit.ly/32JDr7a

Why not have a look at Acair's audiobook selection? Most of them are free:
https://bit.ly/32JDr7a

#cleachdi aigantaigh

Tòrachd thaisgean
(san taigh)

 spàin

 geansaidh

 iuchair

 stuth-fhiaclan

 uaireadair-dùsgaidh

 crochadair-aodaich

 leabhar

 siabann

 teip-thomhais

 coinneal

 plàstair

 fòn-làimhe

 bruis/cìr

 toirds

Maids na dealbhan ris na facail


 amar-snàimh

 speuclairean-grèine

 caisteal-gainmhich

 teant

 tràigh

 reòiteag

Air an Tràigh
Lorg na facail gu h-ìosal!

l	a	e	g	i	l	s	u	d	b	n	d
r	e	a	e	d	o	i	b	o	c	a	f
a	i	n	o	t	a	o	r	s	f	b	u
u	n	a	n	i	p	i	c	d	g	u	c
b	s	a	d	r	u	n	d	o	e	r	f
d	e	p	i	l	d	i	o	u	o	c	e
t	m	u	b	r	o	d	b	s	r	e	a
i	m	s	l	a	d	e	g	m	f	i	m
f	a	o	i	l	e	a	g	l	g	f	a
f	b	r	m	r	g	a	b	s	a	h	i
r	h	c	a	e	h	m	n	i	a	g	n
a	d	e	a	n	a	g	a	e	r	c	n

crosgag
muir
creagan
faoileag
gainmheach
feamainn
teant
sgeoldair
slige
crùban

#cleachdi aigantaigh

Lorg 5 eadar-dhealaidhean sna dealbhan



CnaG



Fon mhuir...





Cuir crìoch air an ochd-chasach gu h-àrd.



Cuir cearcall timicheall do fhreagairt

Dè an cuan as motha a tha san t-saoghal?

An Cuan Sèimh neo An Cuan Siar

Dè am beathach as motha a tha fuireach fon mhuir?

Cearban Mòr Geal neo Muc-Mhara Ghorm

Faclan Falaichte! Lorg na faclan anns a' chliath gu h-ìosal

e	a	c	h	u	i	s	g	e	a	b	m
i	c	ò	f	e	a	m	a	i	n	n	u
s	s	f	g	i	s	t	r	u	m	n	c
g	i	l	g	f	d	b	c	r	s	a	m
l	o	n	g	b	h	r	i	s	t	e	h
p	r	r	d	b	n	m	u	g	f	l	a
o	c	h	d	c	h	a	s	a	c	h	r
o	l	b	è	f	t	r	ù	m	f	g	a
m	u	i	r	t	e	a	c	h	d	p	ì

Ochd-chasach **siorc** **long-bhriste** **muc-mhara**

muir-teachd **èisg** **feamainn** **each-uisge**

Cleachd **uaine** airson dath a chur air turtar agus feamainn

Cuir dath **dearg** air giomach agus each-uisge

Cleachd **orains** airson dath a chur air crùbag agus slige

Faigh peansail **glas** agus cuir dath air acair agus crosgag

Cuir dath **gorm** air siorc agus mucan-mhara

Cleachd **purpaidh** airson dath a chur air na h-èisg

Le peansail **buidhe** cuir dath air ochd-chasach



Roilig agus sgrìobh sgeulachd!



Roilig dìsinn 3 truban airson àite, caractar agus plota fhaighinn! An uairsin, cleachd do mhac-meanma airson sgeulachd a sgrìobhadh!

Roilig airson.....àite!

- Càite: Alba Cuin: Bliadhna 2070
- Càite: uamh Cuin: samhradh
- Càite: coille Cuin: Oidhche Shamhna
- Càite: sgoil Cuin: sa bhliadhna 1930
- Càite: An Antartaig Cuin: àm na Nollaig
- Càite: eilean uaigneach Cuin: 5mh là den t-Òg Mhios

Roilig airson.....caractar!

- Bodach na Nollaig
- neach-smalaidh
- fuamhaire (giant)
-ròbot
- draoidh (magician)
- creutair neo-thalmhaidh (alien)

Roilig airson.....plota!

- Ann am meadhan stoirm uamhasach
- Tha an caractar a' dol air chall
- A' lorg ciste làn òr
- Tha an caractar a' cruthachadh nuadh-innleachd mhiorbhaileach....dè th'ann?
- Chan eil biadh no airgead aig an caractar....dè ni iad?
- Tha sgeul-rùin (secret) aig a' charactar...dè th'ann?

#cleachdi aigantaigh

CnaG

Coròna-bhìoras

Stòrlann

Cuir casg air!



Nigh do làmhan tric le siabann



Fuirich 2m bho dhaoine eile



Cuir ort masg ma tha cnatan no casadaich ort



Cuir nèapraigear pàipeir mud bheul nuair a tha thu a' dèanamh casad no sreothart





Cuir fios chun an dotair mura fàs thu nas fheàrr

#cleachdi aigantaigh

OIFIS INBHIR NIS

Àrd-oifigear: *Seumas Greumach*

Oifigear a' Mhòid: *Seonag Anderson*

An Comunn Gàidhealach
Taigh Bhaile an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR

Fòn: 01463 709 705

Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

OIFIS STEÒRNABHAIGH

Rùnaire a' Chomuinn: *Peigi NicIllinnein*

Oifigear a' Mhòid: *Marina NicAoidh* (pàirt-ùine)

An Comunn Gàidhealach
Aonad 7a
7 Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN

Fòn: 01851 703 487

Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

BÒRD NA GÀIDHLIG

#cleachdi aigantaigh

The Highland Council
Comhairle na Gàidhealtachd

The Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

Donate to An Comunn Gaidhealach